

Dleastanasan Bhuill

- A' cumail sùil air agus a' stiùireadh gnothaichean na Colaiste, agus ga brosnachadh mar àite anns an tèid a cinn-uidhe a ruigsinn agus comasan an luchd-ionnsachaidh a thoirt chun na h-ìre as àirde.
- A' dèanamh cinnteach gun cumar ri reachdan, òrdughan is cùmhnantan a thaobh riaghladh na Colaiste is a siostaman stiùiridh.
- A' tighinn gu co-dhùnadh air gnothaichean a tha fìor chudromach dha-rìreabh don Cholaiste.
- A' solarachadh deagh eòlas air gnothaichean gnìomhachais, malairteach, foghlaim no cosnaidh, no air dreuchd sam bith mar a thèid iarraidh.
- A' frithealadh is ag ullachadh airson coinneamhan Bòrd Stiùiridh is coinneamhan Comataidh mar bu chòir.
- A' gabhail ri ballrachd air tè de na Comataidhean Bùird mar a thèid aontachadh leis a' Bhòrd Stiùiridh.
- A' gabhail trèanadh os làimh a bhios air a mhìneachadh le Rùnaire a' Bhùird agus trèanadh neo-eisimeileach eile nuair a bhios a leithid sin a dhìth.
- A' frithealadh is a' gabhail pàirt ann an tachartasan eile mar a thèid iarraidh oirbh, a leithid latha dealbhaidh, a' Cheumnachd, Òraid an t-Sabhail agus rud sam bith eile a thèid a chur air dòigh, mar a bhios comasach dhuibh.
- A' cumail ri stiùireadh reachdail na Colaiste, a leithid Stiùireadh bhon Riaghaltas, bho Cholaistean na h-Alba, Oifis Charthannaisean na h-Alba (OSCR) agus Comhairle Maoineachaidh na h-Alba.
- A' cumail ri Comas a' Bhùird.
- A' foillseachadh agus ag ùrachadh ùidhean ann an Clàr Ùidhean na Colaiste.
- A' riochdachadh na Colaiste aig gach ìre.
- A' sònrachadh is a' moladh leasachaidhean airson siostaman is dòighean-obrach fhàgail nas èifeachdaiche.

- A' gabhail dleastanasan os làimh ris am bithear an dùil aig ball a' Bhùird.
- A' cumail ri siostaman is dòighean-obrach a thaobh Deagh Ghnè, Slàinte is Sàbhailteachd agus Chothroman Co-ionnan.
- A' leantainn poileasaidh GDPR na Colaiste agus a' gabhail uallach airson dàta a chumail diomhair agus a bhith a' cur às dha nuair a bhios sibh deiseil leis.
- A' cleachdadh siostaman IT na Colaiste airson gnothaichean co-cheangailte ri obair na Colaiste a-mhàin.

Puingean Fiosrachaidh Eile

Chan eil tuarastal an lùib ballrachd a' Bhùird na nan Comataidhean ach thèid cosgaisean siubhal a phàigheadh agus bidh àite-fuirich air dòigh dhuibh anns a' Cholaiste airson choinneamhan agus tachartasan.

Tha co-ionnanachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig

Airson fiosrachadh a leughadh mun Cholaiste, theirigibh gu [Dachaigh - Sabhal Mòr Ostaig \(uhi.ac.uk\)](#)

Tha fiosrachadh mun Bhòrd fhèin agus na buill ri lorg aig [Am Bòrd Stiùiridh - Sabhal Mòr Ostaig \(uhi.ac.uk\)](#)

Ma tha ceistean sam bith agaibh cuiridh post-d gu [Rùnaire a' Bhùird](#).



Nicola NicThòmais
Rùnaire a' Bhùird
An t-Sultain 2024